

CORÒNA-BHÌORAS (COVID-19)

**FRÈAM-OBRACH RO-INNLEACHDAIL
NA H-ALBA
Fios as ùire: AN GEARRAN 2021**

**Riaghaltas na h-Alba
An Gearran 2021**

Geàrr-chunntas

Tha am fiosrachadh seo ceart air 23 Gearran 2021. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.gov.scot/coronavirus - dèan cliog air a' cheangal.

Is e ar n-amas ro-innleachdail fhathast am bhìoras a chur sìos chun na h-ìre as ìsle agus a chumail an sin, fhad 's a tha sinn a' feuchainn ri tilleadh gu beatha nas àbhaistich don uiread as motha de dhaoine 's a ghabhas. Tha sia prìomh innealan againn airson seo a dhèanamh:

- a' bhanachdach a sgaoileadh cho luath 's a tha practaigeach
- an cleachdadh as èifeachdaiche de Dheuchainn is Dìon
- cur an sàs ceumannan dìon co-rèireach (riaghailtean agus stiùireadh) gus casg a chur air tar-chur a' bhìorais
- ceumannan èifeachdach gus casg a chur air a' bhìoras a' tighinn a-steach don dùthaich
- taic do dhaoine, ghnothaichean agus bhuidhnean gus leigeil leotha cumail ri ceumannan dìon
- cùram is taic gus droch bhuaidh na h-èiginn san fharsaingeachd a lasachadh

Feumar na sia sin uile a chleachdadh còmhla agus feumaidh sinn uile a bhith ag obair gu dealasach gus toirt orra obrachadh gu h-èifeachdach.

Tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith a' dìon agus a' toirt taic do dhaoine aig am àm gun samhail seo, agus cumaidh sinn oirnn a' dhèanamh sin.

Tha sinn a' leudachadh airidheachd airson an Tabhartas Taic Fèin-iomallachaidh le bhith ag àrdachadh na stairsnich suas chun Fhìor Thuarastal Bith-beò agus a' leudachadh an raon shochairan a leigeas le daoine an tabhartas fhaighinn. Bheir sinn cumhachd do na h-Ùghdarrasan Ionadail an tabhartas a phàigheadh do dhaoine eile ann an obair a tha a' fulang cruadal.

Cumaidh Maoin Gnothaich an Fhrèam-obrach Ro-innleachdail a' toirt taic do ghnothaichean nas fhaide na a' bhliadhna ionmhais seo agus cumaidh sinn oirnn ag ath-bhreithneachadh air taic nas fharsainge do ghnothaichean. Gheibhear am fiosrachadh as ùire mun taic a tha ri fhaighinn air an làraich-lìn findbusinesssupport.gov.scot.


Air feadh a' ghalar làir-sgaoilte, tha sinn air daingneachadh gu bheil e cudromach gum bi daoine fa leth, gnothaichean agus buidhnean a' leantainn ceumannan [FACTS](#) (dèan cliog air a' cheangal airson tuilleadh fiosrachaidh) airson Alba a bhith nas sàbhailte.

Tha sinn air barrachd cuingealachaidh a dhèanamh air siubhal eadar-nàiseanta agus tha sinn air cuarantine a neartachadh do dhaoine a tha a' tighinn a dh'Alba bho thaobh a-muigh na Sgìre Siubhail Chumanta.

Tha na mùthaidhean ùra de choròna-bhìoras ris a bheil sinn a' dèiligeadh nan dùbhlann mòr. Gu sònraichte, tha barrachd tar-chuir a' mhùthaidh B.1.1.7 a tha a-nis ag adhbharachadh na mòr-chuid de chùisean a' ghalair ga dhèanamh fada nas duilghe àiteachan agus gnìomhachdan fhosgladh agus aig an aon àm cumail na h-àireimh R fo aon agus am bhìoras a chumail fodha. Mar thoradh air sin, tha sinn an dùil gum bi fosgladh chùisean às dèidh a' ghlasadh sluaigh a th' againn an-dràsta nas slaodaiche agus nas fhaiceallaich na bha e as t-samhradh an-uiridh: tha seo a' nochdadh na firinn nach eil sinn a-nis a' dèiligeadh ris an aon bhìoras.

Le bhith ag innse nam prìomhachasan tràtha againn agus a' moladh sreath de cheumannan lasachaidh, aig ìre nàiseanta an toiseach agus an ceann ùine a' tilleadh gu ìrean eadar-dhealaichte thar na dùthcha, tha sinn an dòchas gum faigh daoine, gnothaichean agus buidhnean eile tuigse nas fheàrr air an t-slighe air ais gu rudeigin nas fhaige air an àbhaist. Tha Figear 1 gu h-ìosal a' mìneachadh mar a tha sinn an dùil a dhol air adhart, air a shealltainn tro shreath de ìrean.

Figear 1: Ìrean an Fhream-obrach Ro-innleachdail



Dèan cliog air www.gov.scot/coronavirus airson na naidheachd is stiùireadh as ùire fhaighinn mu choròna-bhioras.

Tha Riaghaltas na h-Alba an còmhnaidh air a dhèanamh soilleir gum bi sinn a' toirt prìomhachas do fhoghlam agus tilleadh mean air mhean do Ionnsachadh Tràth agus Cùram-chloinne agus sgoiltean. Tha sin air tòiseachadh mar-thà, agus bidh planaichean airson an ath cheum de bhith a' tilleadh gu ionnsachadh taobh a-staigh na sgoile a' tachairt bho 15 Màrt. Bhon latha sin – mura bi fianais ùr no suidheachaidhean ùra a' toirt oirnn ath-bheachdachadh a dhèanamh – thèid a h-uile pàiste ann am bun-sgoil 4 gu 7 air ais don sgoil làn-ùine agus bidh e comasach do chlann bun-sgoile uile tilleadh gu cùram-cloinne riaghlach, a' toirt a-steach clubaichean bracaist agus às dèidh na sgoile.

Bho 15 Màrt, gheibh a h-uile sgoilear àrd-sgoile gach cuid sàr-ionnsachadh air astar agus beagan teagaisg taobh a-staigh na sgoile – le dùil gum bi a h-uile sgoilear àrd-sgoile air ais san sgoil làn-ùine às dèidh saor-làithean na Càisge.

Tha an dòigh-obrach mean air mhean a thaobh tilleadh nan sgoiltean stèidhichte gu làidir air a' chomhairle a fhuair sinn bho eòlaichean. Is e seo an dòigh as fheàrr agus cuideachd an dòigh as seasmhaiche gus uiread cloinne 's a ghabhas fhaighinn air ais don sgoil, anns an dòigh as sàbhailte.


Tha sinn cuideachd air cuid de dhachaighean cùraim fhosgladh bho thràth sa Mhàrt gus conaltradh brìoghmhor eadar càirdean/caraidean agus luchd-còmhnaidh a dhèanamh comasach.

Ach, le sin air a dhèanamh, agus tadhal air dachaighean cùraim ceadaichte, chan eil e idir coltach gum bi lasachadh sam bith eile ann ro mheadhan a' Mhàirt. Gu dearbh, tha sinn an dùil gum bi an riatanas làithreach airson fuireach aig an taigh, mura h-eil leisgeul reusanta agad airson fhàgail, fhathast an èifeachd gu tràth sa Ghiblean co-dhiù gus an urrainn dhuinn cothrom gu leòr a chruthachadh airson barrachd dhaoine òga fhaighinn air ais don sgoil.

Bidh clàr-ama atharrachaidhean sam bith air a stiùireadh le fianais agus dàta, chan e cinn-latha ro-shuidhichte. Tha e cuideachd cudromach gum fàg sinn ùine gu leòr eadar ath-bhreithneachaidhean gus buaidh atharrachaidhean fhaicinn.

An ceann ùine, tha sinn an dùil gluasad air ais gu ìrean cuingealachaidh eadar-dhealaichte a bhith againn air feadh na dùthcha gus an tig an t-àm nuair nach eil am bhìoras na chunnart susbainteach do shlàinte a' phobaill ann an Alba tuilleadh. Leis gum bi sgaoileadh na banachdaich cudromach airson bacadh a chur air sgaoileadh a' bhìorais a bharrachd air slàinte a dhìon, is e am plana a th' againn an-dràsta gum feum sinn a' bhanachdach a thabhann do co-dhiù a h-uile buidheann prìomhachais JCVI (Co-chomataidh air Banachdachadh agus Ion-dhìon) 1-9 mus bi e sàbhailte tilleadh gu ìrean eadar-dhealaichte air feadh na h-Alba.

Figear 2: plana airson fuasgladh nan cuingeadan



Mar a bhios sinn a' gabhail nan ceumannan seo, bidh e deatamach gum bi sinn a' cumail oirnn le deuchainnean, sgaoileadh na banachdaich, faire chriochan agus taic do dhaoine agus ghnòthaichean gus an cuideachadh a' cumail ri ceumannan dìon. Nì sinn ar dicheall dèanamh cinnteach gu bheil na h-innealan sin cho èifeachdach 's as urrainn dhaibh a bhith gus am bhioras marbhtach seo a chumail fodha. 'S ann as fheàrr a dh'obraicheas seo ma bhios sinn uile a' dèanamh ar dìchill.

Aig a' cheann thall tha sinn airson an ìre a ruighinn far, ged nach eil e glè choltach gum bi COVID-19 air a dhol à bith gu tur, bidh e air sgur a thoirt buaidh cho mì-rianail air ar beatha làitheil agus cha bhithear ga fhaicinn mar dhroch chunnart do shlàinte a' phobaill tuilleadh. Ach, gus faighinn chun na h-ìre sin, feumar an ro-innleachd casg as làidire.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil a h-uile duine ann an Alba airson faighinn a-mach cuin a bhios cùisean a' faireachdainn nas àbhaistice a-rithist agus cò ris a bhios "an àbhaist ùr" coltach. Leis a' mhì-chinnt a tha timcheall air a' bhìoras, chan urrainn do dhuine a bhith làn mhisneachail mu na freagairtean aig an ìre seo. Ach a' coimhead ris an àm ri teachd, tha sinn an dòchas agus an dùil gun lùghdaich am prògram banachdaich an dà chuid tinneas agus bàs co-cheangailte ri COVID gu mòr. Cuideachd, tha leigheasan ùra a' sìor nochdadh a dh'fhaodadh lùghdachadh a dhèanamh air cron COVID.

Ann an ùine, bu chòir do na leasachaidhean matha seo a bhith a' ciallachadh nach bi COVID na dhroch chunnart do shlàinte a' phobaill ann an Alba tuilleadh. Ach tha coltas ann gum bi e fhathast na dhragh a thaobh slàinte phoblach: mar mhòr-chomann tha e coltach gum feum sinn a bhith beò le COVID mar rud maireannach. Agus ged as dòcha gum feum sinn cuid de cheumannan slàinte phoblach a chumail a' dol, agus a bhith furachail airson briseadh a-mach a' ghalair san àm ri teachd, is urrainn dhuinn a bhith a' coimhead air adhart ri fuasgladh chuingeadan san fharsaingeachd an ceann ùine.